

LUCHD-SGRÙDAIDH NA BANRIGH AIRSON FOGHLAIM (HMIE)

PLANA GÀIDHLIG

Bha an dreachd phlana seo air ullachadh fo earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

FACAL-TOISICH LE Graham Donaldson, Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh.

Tha mi air leth toilichte gu bheil HMIE air a bhith an sàs ann an leasachaidhean Gàidhlig agus comasach air cur riutha thar nam bliadhnachan. B' e an com-pàirt leantainneach seo a lean gu leasachadh ar Plana Gàidhlig. Tha am plana a' daingneachadh taic HMIE do chànan, cultar agus foghlam Gàidhlig.

Tha HMIE airson dèanamh cinnteach gum bi luchd-ionnsachaidh den h-uile aois a' faighinn Curraicealam airson Sàr-mhathais an-dràsta agus san àm ri teachd tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sin a' ciallachadh obrachadh còmhla ri luchd-teagaisg Gàidhlig gus am bi luchd-ionnsachaidh soirbheachail, ciallach agus misneachail againn le mothachadh air com-pàirt agus buntanas. Tha HMIE a' cleachdadh sgrùdadh agus a' co-roinn deagh chleachdadh le sùil ri ionnsachadh a thoirt air adhart ann an sgoiltean agus ann an suidheachaidhean eile. Tha HMIE cuideachd gu mòr airson cur ri tuigse air cultar na Gàidhlig san fharsaingeachd.

Cuidichidh sinn luchd-obrach le uallach airson foghlam Gàidhlig fèin-mheasadh a chleachdadh gus cumail a' leudachadh an smaoineachadh agus dòighean-obrach proifeiseanta agus luchd-obrach a bhrosnachadh gu bhith breithneachail agus a bhith airson adhartas a dhèanamh. Bheir sinn cuideachadh don dòigh-obrach seo le bhith a' toirt stiùireadh tro phrìomh sgrìobhainnean HMIE ann an Gàidhlig. Bidh na sgrìobhainnean sin feumail do luchd-teagaisg Gàidhlig mar innealan airson an cleachdadh ann am fèin-mheasadh airson leasachaidh.

Tha mi a' toirt taing do Bhòrd na Gàidhlig airson a thaice gus leigeil dhuinn na roinnean sin a thoirt air adhart. Tha mi cuideachd fìor thoilichte gun d' fhuair sinn air obrachadh còmhla ri ar co-oibrichean ann an Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus Ùghdarras Theisteanas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi na trì Planaichean Gàidhlig againn uile a' cur an cèill agus a' cuideachadh leasachaidhean Gàidhlig.

Cuidichidh ar Plana Gàidhlig sinn ag àrdachadh mothachadh luchd-obrach HMIE air cànan agus cultar na Gàidhlig agus air mar a tha HMIE ag adhartachadh na Gàidhlig. Bheir seo cothrom dhuinn comharrachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dhualchas, dearbh-aithne agus cultar na h-Alba.

Tha mi a' cur fàilte air na leasachaidhean sin uile a chuidicheas gu foghlam Gàidhlig nas fheàrr a libhrigeadh do ar luchd-ionnsachaidh agus ionnsachadh proifeiseanta nas fheàrr do luchd-obrach ann an sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim.

Graham Donaldson

Clàr-innse

Geàrr-chunntas Sealladh

Caibidil 1 Ro-ràdh

Caibidil 2 Prìomh Dhleastanasan

Caibidil 3 Dleastanasan Poileasaidh / Gnìomhachadh a' Phlana

Caibidil 4 Gnìomhachadh, sgrùdadh agus lèirmheas

Caibidil 5 Modh co-chomhairleachaidh

Ainmean agus seòlaidhean

Geàrr-chunntas

Sealladh

Tha HMIE ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail làithreach na h-Alba. Tha HMIE a' tuigsinn gum feumar leasachadh seasmhach air a' Ghàidhlig airson nam bliadhnachan ri teachd agus tha iad airson obrachadh còmhla ri luchd-ùidh agus com-pàirtichean tron roinn phoblach agus phrìobhaideach gus seo a choileanadh. San obair aca, bidh HMIE airson:

- ***cur ri inbhe na Gàidhlig;***
- ***adhartachadh togail agus ionnsachadh na Gàidhlig; agus***
- ***brosnachadh tuilleadh cleachdadh na Gàidhlig.***

'S e Dreachd Phlana Gàidhlig HMIE a tha san sgrìobhainn seo, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a nì sinn feum den Ghàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom air cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh le luchd-ùidh agus com-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas sinn leasachadh na Gàidhlig. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil leasachadh Phlanaichean Gàidhlig le buidhnean poblach mar HMIE na phrìomh phàirt de Achd 2005. Tha sinn a' tuigsinn gun cuidich ar Plana Gàidhlig a' foirmealachadh agus ag innse do luchd-obrach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh ar poileasaidh a thaobh cùisean na Gàidhlig, agus dè na seirbheisean Gàidhlig a dh'fhaodas iad a shùileachadh tro HMIE.

Tha HMIE ag amas air togail air com-pàirteachasan làithreach gus taic a thoirt do dh'obair ar Plana Gàidhlig. Gus cuideachadh le coileanadh nan targaidean nar Plana Gàidhlig, obraichidh sinn gu dlùth le com-pàirtichean mar Ionnsachadh agus Teagasg Alba (LTS), Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Comhairle Maoineachadh na h-Alba (SFC); agus ùghdarrasan ionadail.

Chaidh Plana Gàidhlig HMIE ullachadh ann na co-rèir ri slatan-tomhais reachdail air an comharrachadh ann an Achd 2005, agus a' toirt aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig agus don Stiùireadh mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig. 'S e Buidheann le Riaghaltas na h-Alba a tha ann an HMIE. Le sin, tha plana HMIE a' cur ri Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba.

Structair a' Phlana Gàidhlig

'S iad na prìomh phàirtean de ar Plana Gàidhlig:

Caibidil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibidil seo a' toirt bun-fhiosrachadh mu Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na prìomh nithean a tha innte. Tha sealladh air a thoirt air na prìomh ullachaidhean reachdail co-cheangailte ri ullachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005. Tha geàrr-chunntas air structar HMIE agus a phrìomh raointean obrach ann cuideachd.

Caibidil 2 – Prìomh Dhleastanasan

Tha a' chaibidil seo a' mìneachadh mar a bhios HMIE a' dèanamh feum den Ghàidhlig, agus a' toirt cothrom air cleachdadh na Gàidhlig an lùib a phrìomh ghnìomhan obrach.

Caibidil 3 – Dleastanasan Poileasaidh /Gnìomhachadh a' Phlana

Tha a' chaibidil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas HMIE le gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Caibidil 4 – Gnìomhachadh, Sgrùdadh agus Lèirmheas

Tha a' chaibidil seo a' mìneachadh mar a bheirear air adhart gnìomhachadh ar Plana Gàidhlig, mar a bhios gnìomhachadh air a sgrùdadh, agus mar a chleachdar leasain bho sgrùdadh ann an lèirmheasan gus leasachaidhean a stiùireadh.

Caibidil 5- Modh co-chomhairleachaidh

Tha a' chaibidil seo a' mìneachadh mar a bhios HMIE a' cruinneachadh ur beachdan agus mar a chuireas sibh ur beachdan gu HMIE air Dreachd Phlana Gàidhlig HMIE.

Ainmean agus Seòlaidhean

CAIBIDIL I – RO-RÀDH

1.1 Sealladh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus ullachadh Planaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil an Alba le spèis co-ionann ri Beurla.

'S e aon de na prìomh nithean ann an Achd 2005 an t-ullachadh a tha a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba) iarraidh air buidhnean poblach, mar HMIE, Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha an t-ullachadh seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gum bi pàirt aig an roinn phoblach an Alba ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd tro bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-iomhaigh agus a' cruthachadh cothroman prataigeach airson a bhith ga cleachdadh.

An riatanas a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig

Thòisich an riatanas airson HMIE a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig le Bòrd na Gàidhlig a' cur a-mach fios foirmeil airson sin fo earrann 3 de Achd 2005. Fhuair HMIE fios san **Ogmhios 2008**, agus chaidh iarraidh air a Phlana Gàidhlig a chur chun a' Bhùird airson aonta ann an **2009**.

Prìomh nithean air am feumar beachdachadh ann an ullachadh Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 a' toirt slatan-tomhais sònraichte dom feum buidhnean a tha ag ullachadh Planaichean Gàidhlig aire a thoirt. Tha iad sin air an dealbh gus dèanamh cinnteach gu bheil na Planaichean Gàidhlig a tha air an ullachadh coileanta, co-chòrdail agus iomchaidh do shuidheachadh fa leth na buidhne a tha ga ullachadh.

(i) an ìre de Ghàidhlig a bhios na daoine dom bi an t-ùghdarras a' cur a dh-leastanasan an gnìomh a' cleachdadh, agus an comas air cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh an co-cheangal ri coileanadh nan gnìomhan sin

Tha seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun toir na Planaichean Gàidhlig air an ullachadh le buidhnean poblach aire don àireamh de luchd-labhairt a tha taobh a-staigh an raon-obrach aca, agus an comas air cleachdadh a' chànain a leudachadh. San fharsaingeachd, thathar a' sùileachadh gun deasaich buidhnean poblach le àireamhan mòra de luchd-labhairt Gàidhlig taobh a-staigh an raon obrach Planaichean Gàidhlig nas làidire.

(ii) stiùireadh reachdail mu ullachadh Planaichean Gàidhlig air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 8 de Achd 2005

Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh reachdail fhoillseachadh fo earrann 8 de Achd 2005, a tha a' toirt comhairle air mar bu chòir Planaichean Gàidhlig a bhith air a chur ri chèile, agus air dè bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach smaoineachadh air a chur sna planaichean aca.

(iii) Plana Nàiseanta na Gàidhlig

'S e sgrìobhainn reachdail a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air a dheasachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrann 2 de Achd 2005. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt sealladh iomlan air feuman leasachaidh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach cùisean togail cànan, cleachdadh cànan, inbhe cànan agus corpas cànan. Tha e a' toirt prìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig, agus a' comharrachadh buidhnean a dh'fhaodas cuideachadh len coileanadh.

(iv) tagraidhean sam bith a rinneadh ris a' bhuidhinn phoblaich a tha ag ullachadh a phlana mun dòigh a tha e a' cleachdadh na Gàidhlig

Tha an t-ullachadh seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun toir buidhnean poblach aire do bheachdan bhuidhnean le ùidh sa chùis nuair a tha iad ag ullachadh am Planaichean Gàidhlig. Sa mhòr-chuid bidh HMIE a' cleachdadh co-chomhairlean ri taghadh iomchaidh de na com-pàirtichean agus luchd-ùidh aige a' cleachdadh modhan ceangail bunaiteach gus na beachdan sin fhaighinn.

(v) prionnsabal spèis cho-ionann

Bha prionnsabal spèis cho-ionann air fhilleadh a-steach ann an Achd 2005 le Pàrlamaid na h-Alba mar dhearbhadh air meas agus luach na Gàidhlig, a chionn 's gu bheil daoine a tha a' cleachdadh na Gàidhlig ag iarraidh sin a dhèanamh cho nàdarrach 's a ghabhas nam beatha, gum biodh spiorad bhlàth don Ghàidhlig air feadh Alba, agus nach bu chòir don chànan cion spèis sam bith fhulang bho dhaoine fa leth no bho bhuidhnean. Tha stiùireadh a' Bhùird ag aithris gur dòcha nach lean spèis cho-ionann don Gàidhlig gu dèiligeadh co-ionann airson Gàidhlig agus Beurla, no gum feum ìre shònraichte de sholarachadh Gàidhlig a bhith ri fhaotainn anns a h-uile suidheachadh. 'S ann a tha e a' misneachadh buidhnean poblach gu bhith a' strì, ann an suidheachadh cànan sònraichte sam bith, a bhith taiceil agus fialaidh do leasachadh na Gàidhlig agus am Planaichean Gàidhlig ullachadh le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh cho furasta 's a tha iomchaidh a rèir an t-suidheachaidh aca.


Co-chomhairle air dreachd phlana Gàidhlig

A rèir Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach ullachadh am Plana Gàidhlig a thoirt gu aire dhaoine aig a bheil ùidh ann.

Aonta do Phlana Gàidhlig HMIE

Bidh plana HMIE air a chur chun Bhùird airson aonta.

1.2 Sealladh air eagrachadh agus raon obrach



* Buailteach atharrachadh. Tha cuid de dh'uallaichean thar Stiùireachasan

CÒ SINN AGUS DÈ THA SINN A' DÈANAMH?

Mar bhuidheann-gnìomha a bhuineas do Riaghaltas na h-Alba, tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (HMIE) ag obair air an ceann fhèin agus gun lethbhreith ach fhathast cunntachail do Mhinistearan na h-Alba airson ìrean obrach. Tha an inbhe seo a' dìon neo-eisimeileachd sgrùdaidh, lèirmheas agus aithisgean an dàimh ri amasan ro-innleachdail Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd airson siostam foghlaim na h-Alba. Tha obair HMIE riatanach do chomas Mhinistearan air prìomh amasan poileasaidh a choileanadh agus coinneachadh rin dleastanas reachdail a bhith a' strì ri leasachadh fhaighinn ann am foghlam.

Mhìnich am fiosrachadh an cois 'Statement on Scrutiny Improvement' gu Pàrlamaid na h-Alba air 6 Sultain 2008 an obair againn mar a leanas:

“Bidh pàirt ro-chudromach HMIE ann an cumail suas càileachd foghlaim an Alba a' cumail a' dol. Cumaidh iad an cudrom air àrdachadh ìrean foghlaim, agus air brosnachadh leasachadh agus fèin-mheasadh gus cuideachadh le libhrigeadh builean nàiseanta agus ionadail. Bidh iad fhathast ag obair gu dlùth le buidhnean anns na seirbheisean slàinte agus sòisealta gus taic a thoirt do leasachadh agus soirbheas a h-uile pàiste an Alba.”

Le bhith a' coileanadh nan rùintean farsaing sin, cuiridh sinn ri soirbheas rùn Riaghaltas na h-Alba agus ri coileanadh prìomhachasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba, a bhuilean agus chomharran nàiseanta, agus a dhleastanasan a' gabhail a-steach taic do Sgìlean airson Alba agus cleachdadh Curraicealam airson Sàr-mhathais.

Tha ar n-obair a' toirt taic do libhrigeadh builean nàiseanta an co-cheangal ri daoine an Alba:

- *a bhith ionnsaichte, sgileil agus soirbheachail;*
- *a' fàs mar luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach agus saoranaich ciallach;*
- *le cothroman nas fheàrr ar soirbheachadh nam beatha; agus*
- *le coimhearsnachdan ionadail soirbheachail agus sàr sheirbheisean poblach èifeachdach a tha a' dèanamh adhartas agus a' coinneachadh ri feuman sluagh na sgìre.*

Tha stiùireachas HMIE le uallach airson seirbheisean do chloinn air a bhith a' toirt taic làidir airson dìon agus leasachadh cothroman beatha òigridh agus theaghlaicean ann an cunnart.

Tro sgrùdaidhean, lèirmheasan agus co-obrachadh proifeiseanta, tha sinn a' toirt misneachd neo-eisimeileach do sheirbheis luchd-cleachdaidh, Ministearan na h-Alba, stiùirichean seirbheis agus don t-sluagh san fharsaingeachd mu ìrean agus càileachd ann am foghlam agus seirbheisean eile do chloinn.

Tha ar n-obair a' ciallachadh mòran a bharrachd air toirt ionadan agus seirbheisean laga suas gu deagh ìre, ged a tha sin deatamach. Tha sinn a' cuideachadh le leasachadh an t-siostam foghlaim ann an diofar dhòighean. Tha sinn daonnan ag iarraidh deagh chleachdadh. Tha sinn ag obair gu dlùth le iomadh buidheann com-

pàirteachais gus an deagh chleachdadh sin fhoillseachadh tro ar n-aithisgean sgrùdaidh, foillseachaidhean agus làrach-lìn, agus tro bhith a' cur air dòigh ar tachartasan fhìn agus a' cur ri tachartasan phrìomh buidhnean aig ìre nàiseanta agus ionadail. Bidh sinn ag àrdachadh comais gus dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-cleachdaidh uile am foghlam agus na seirbheisean as fheàrr do chloinn. Bidh sinn a' toirt comhairle phroifeiseanta neo-eisimeileach air a thoirt às an fhianais bhon mheasadh againn fhìn agus ar n-eòlas air an t-siostam foghlaim air fad. Bidh sinn a' leasachadh agus a' stiùireadh HMIE mar bhuidheann fèin-mheasaidh, sùbailte agus ùr-ghnàthach a tha airson adhartas a dhèanamh.

Tha HMIE ag obair an com-pàirt le buidhnean eile gus taic a thoirt do choileanadh builean nàiseanta, a' gabhail a-steach obrachadh dlùth le Ionnsachadh agus Teagasg Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Leasachadh Sgìlean Alba agus Comhairle Maoineachaidh Foghlam Adhartach agus Àrd-ìre na h-Alba (SFC). Bidh HMIE fhathast ag obair còmhla ri buidhnean anns na seirbheisean slàinte agus sòisealta gus taic a thoirt do leasachadh agus soirbheas a h-uile pàiste agus gach neach-ionnsachaidh inbheach an Alba.

Tha structair luchd-obrach farsaing aig HMIE. Anns an fharsaingeachd seo, a' gabhail a-steach luchd-obrach maireannach, sealach agus co-cheangailte, tha eòlas bho gach roinn de fhoghlam an Alba agus tha e na neart cudromach don bhuidhinn. Tha luchd-obrach HMIE a' gabhail a-steach:

- *Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim*
- *luchd-sgrùdaidh seirbheisean chloinne*
- *luchd-sgrùdaidh slàinte agus beathachaidh*
- *iar-luchd-sgrùdaidh*
- *leas-mheasadairean air an toirt à sgoiltean, colaistean, ùghdarrasan ionadail agus roinnean eile*
- *luchd-obrach seirbheisean corporra*
- *buill neo-dhreuchdail*
- *buill sgioba lèirmheas nan oileanach*
- *fo-fhastaichean bho bhuidhnean com-pàirteachais.*

Tha ar frèam sgrìobhainn a' toirt mìneachadh nas doimhne air ar dleastanasan agus dàimhean.

Rinn HMIE sgrùdadh air Gàidhlig ann an 52 ionadan, a' gabhail a-steach sgoiltean-àraich, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean eadar Giblean 2003 agus Màrt 2009. Bidh HMIE a' dèanamh sgrùdadh air sgoiltean meadhan-Gàidhlig mar phàirt de shampla sgoiltean air feadh Alba. Ann an sgrùdadh air sgoiltean le clasaichean meadhan-Gàidhlig, bidh an sgioba sgrùdaidh a' dèanamh cinnteach gum bi an clas Gàidhlig air a sgrùdadh aig an aon àm agus aithisg air a cur taobh a-staigh na h-aithisge fhoillsichte. Far a bheil sgoil no clas meadhan-Gàidhlig, bidh an aithisg air a foillseachadh sa Ghàidhlig air làrach-lìn HMIE. Gus dèanamh cinnteach gu bheil an eòlas iomchaidh againn airson sgrùdadh a dhèanamh air Gàidhlig ann an suidheachadh sam bith – ionadan ro-sgoile, bun-sgoil, àrd-sgoil no colaiste (far am bi sinn a' cleachdadh an fhacail 'lèirmheas') – bidh HMIE a' cleachdadh iar-luchd-sgrùdaidh (Alan) agus leas-mheasadairean (AAan) a thuilleadh air Luchd-sgrùdaidh na Banrigh (HMIan). 'S e AAan agus Alan tidsearan ann an obair no air an dreuchd a leigeil dhiubh, iar-cheannardan no ceannardan sgoile a bhios nan làn bhuill de

sgioban sgrùdaidh. Bidh iad a' dèanamh thrèanadh teann airson an obair sgrùdaidh agus a' dèanamh suas buidheann eòlaichean cudromach taobh a-staigh an sgoiltean agus ùghdarrasan fhèin. Bho àm gu àm, nì HMIE gnìomhan sònraichte a thaobh suidheachaidhean meadhan-Gàidhlig mar an suidheachadh a lean chun an aithisg mu dheireadh a dh'ullaich iad – *Leasachadh Coileanaidh ann an Gàidhlig*, HMIE, 2005.

Air feadh Alba, tha ceithir-deug ùghdarrasan ionadail a' dèanamh solarachadh airson foghlam meadhan-Gàidhlig. Tha sin air a dhèanamh suas de seachd-deug àrd-sgoiltean, seasgad 's a dhà bun-sgoiltean agus seasgad sgoiltean-àraich/cròileagain. Tha sia colaistean a' solar teagasg Gàidhlig no foghlam meadhan-Gàidhlig agus a-rithist bidh HMIE a' dèanamh lèirmheas orra mar phàirt de shampla sgrùdaidh de cholaistean air feadh Alba.

Aig ìre nàiseanta, tha mu 2,600 sgoilearan sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil ann am foghlam meadhan-Gàidhlig (GME) aig an àm seo, le mu 850 pàiste eile ann an sgoiltean-àraich meadhan-Gàidhlig. Taobh a-staigh foghlam meadhan-Beurla, tha eadar 2,500 agus 3,000 luchd-ionnsachaidh a' gabhail Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile gach bliadhna eadar AS1 agus AS6¹. Tha mòran chloinne sna bun-sgoiltean meadhan-Beurla a' gabhail pàirt san sgeama Gàidhlig sa Bhun-sgoil gach bliadhna: mu 6,000 sgoilearan ann an seisean 2008/2009².

1.3 Sealladh air taic HMIE do leasachadh na Gàidhlig

Nì HMIE dìcheall gus targaidean a Phlana Gàidhlig a thoirt gu buil gu mionaideach.

O chionn ghoirid tha HMIE air neach-sgrùdaidh Gàidhlig eile fhastadh airson sgrùdadh air sgoiltean agus airson gnìomhan a bhuineas don Ghàidhlig a thoirt gu buil.

Tha HMIE a' dèanamh feum mhath de sgioba Gàidhlig anns a bheil dà HMI, Iar-neach-sgrùdaidh agus Leas-mheasadairean a tha air an trèanadh airson sgrùdadh a dhèanamh ann an ionadan foghlaim a' gabhail a-steach ionadan ro-sgoile.

Aig an àm seo tha aithisgean sgoile air am foillseachadh ann am Beurla agus Gàidhlig ann an ionadan ro-sgoile, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a theagasg mar chuspair agus ann an colaistean mar a bhios iomchaidh far a bheil solar Gàidhlig.

Tha HMIE air co-labhairtean a chur air dòigh do thidsearan meadhan-Gàidhlig agus air aithisgean fhoillseachadh mar *Leasachadh Coileanaidh ann an Gàidhlig*, 2005.

Còmhla ri prìomh chom-pàirtichean foghlaim, cuiridh HMIE air dòigh co-labhairt a h-uile dà bhliadhna no faisg air far am faighear air beachdachadh air leasachaidhean foghlaim Gàidhlig.

¹ Àrd-ollamh AG Boyd Robasdan, Stiùiriche, Sabhal Mòr Ostaig

² Bòrd na Gàidhlig

Le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, dh'fhoillsich HMIE sreath sgrìobhainnean co-cheangailte ris An t-Slighe gu Sàr-mhathais (JTE) a' gabhail a-steach: bileagan; postairean; *Dè cho math 's a tha an sgoil againn? Treas Clò-bhualadh; Am Pàiste sa Mheadhan, Dara clò-bhualadh; agus An t-Slighe gu Sàr-mhathais Pàirtean 1, 2 agus 4.* Bidh sgrìobhainnean eile co-cheangailte ri *Curraicealam airson Sàr-mhathais* air an eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

Aig an àm seo tha HMIE a' dèanamh sreath fhilmean goirid de dheagh dhòighean-teagaisg ann an Gàidhlig a thèid a chur air làrach-lìn JTE.

CAIBIDIL 2 – PRÌOMH DHLEASTANASAN

Tha HMIE gu mòr airson adhartachadh ìrean àrda agus co-roinn a' chleachdadh as fheàrr mar phàirt de phrìomh obair. Tha Earrann 1 den phlana seo a' mìneachadh dealas HMIE a bhith a' leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh a phrìomh obair.

EARRANN 1

1. A' toirt misneachd agus a' toirt gu buil leasachadh air ìrean agus càileachd tro sgrùdadh agus lèirmheas.		
An Dòigh-obrach Làithreach		
<p>Tha HMIE a' neartachadh agus a' dèanamh leasachadh eile air a mhodhan sgrùdaidh agus lèirmheas gus dèanamh cinnteach gum bi cudrom air builean leis a' bhuidheas as motha agus an dragh as lugha. Feuchaidh sinn nar n-obair measaidh ri cur ri obair cho-cheangailte bhuidhnean eile, gu sònraichte ùghdarrasan foghlaim agus buidhnean leasachadh foghlaim a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig. Atharraichidh sinn ar dòighean-obrach gus leudachadh air buaidh sgrùdaidhean agus lèirmheasan airson leasachadh a choileanadh. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic measaidh do dh'ionadan agus sheirbheisean a dh'fheumas seo gus am builean a leasachadh. Cuidichidh ullachadh ghoireasan ann am fèin-mheasadh, dòighean-obrach as fheàrr, sàr-mhathas agus planadh leasachaidh sinn a' coileanadh nan amasan sin airson cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig.</p>		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Comharrachadh nan dòighean-obrach as fheàrr.	Leantainneach	Àrd-neach-sgrùdaidh, Prìomh luchd-sgrùdaidh airson foghlam àrd-sgoile agus bun-sgoile, agus Speisealaiche Nàiseanta airson Gàidhlig
2. Àrdachadh comas air leasachadh.		
<p>Aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, tha sinn ag iarraidh deagh chleachdadh. Tha sinn ag obair gu dlùth le iomadh buidheann airson deagh chleachdadh fhoillseachadh agus comas ionadan agus ùghdarrasan àrdachadh gus an toir sinn don h-uile neach-cleachdaidh am foghlam agus na seirbheisean as fheàrr airson clann agus luchd-ionnsachaidh inbheach. Cuidichidh filmeadh nan dòighean-obrach as fheàrr ann am foghlam meadhan-Gàidhlig agus am film seo a thaisbeanadh air goireas air-loidhne JTE sinn a' coileanadh an amais sin. Bheir sinn cothrom do dh'ionadan agus seirbheisean amas air sàr-mhathas, a' cleachdadh fèin-mheasadh airson leasachadh air foghlam. Cleachdaidh sinn ar frèaman fèin-mheasaidh, mar eisimpleir <i>Dè cho math 's a tha an sgoil againn?</i> airson fèin-mheasadh nas fheàrr ann an ionadan agus seirbheisean a bhrosnachadh. Bheir eadar-theangachaidhean phrìomh sgrìobhainnean co-cheangailte ri fèin-mheasadh, planadh airson leasachaidh agus na dòighean-obrach as fheàrr cothrom do thidsearan meadhan-Gàidhlig com-pàirteachadh ann an còmhradhean agus leasachaidhean proifeiseanta adhartach anns na raointean sin.</p>		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Filmeadh nan dòighean-obrach as fheàrr	2 bhliadhna	Àrd-neach-

agus eadar-theangachadh prìomh sgrìobhainnean.		sgrùdaidh le raon-dleastanais Gàidhlig
3. A' toirt comhairle proifeiseanta, stèidhichte air fianais		
<p>Bidh sinn a' toirt taic do leasachadh poileasaidh fiosraichte le bhith a' toirt comhairle phroifeiseanta neo-eisimeileach air a thoirt às an fhianais bho mheasadh againn fhìn agus ar n-eòlas air an t-siostam foghlaim air fad. Bheir sinn comhairle do bhuidhnean air a bheil uallach airson càileachd foghlaim agus seirbheisean do chloinn. Cumaidh sinn oirnn a' cur ri leasachaidhean nàiseanta ann am foghlam agus seirbheisean do chloinn le bhith a' dèanamh feum den eòlas agus tuigse coileanta a tha againn air solarachadh agus builean air feadh an t-siostaim. Bidh obair agus com-pàirteachasan leantainneach HMIE co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig (a' gabhail a-steach gnìomh planaichte air cùisean Gàidhlig) a' cur ri coileanadh a' phrìomhachais seo.</p>		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Gabhail os làmh prìomh ghnìomhan agus toirt seachad comhairle.	Leantainneach	Àrd-neach-sgrùdaidh agus Speisealaiche Nàiseanta le raon-dleastanais Gàidhlig
4. A' daingneachadh ar leasachadh leantainneach fhìn		
<p>Tha sin a' leasachadh agus a' stiùireadh HMIE mar bhuidheann fèin-mheasaidh, sùbailte agus ùr-ghnàthach a tha airson adhartas a dhèanamh. Bidh sinn a' toirt taic don toradh nàiseanta de shàr sheirbheisean poblach a tha daonnan èifeachdach, a' dèanamh adhartas agus a' coinneachadh ri feuman sluagh na sgìre. Bidh sin a' cumail suas ar modhan fèin-mheasaidh air ar n-obair fhìn agus gan leudachadh. Mar phàirt riatanach de na modhan sin a rèir prògram an riaghaltais de sheirbheisean èifeachdach agus coitcheann, bidh sinn daonnan ag iarraidh beachdan mun obair againn, agus a' cur cudrom air feabhas luach. Tro na gnìomhan air am mìneachadh nas fhaide air adhart sa phlana seo, nì sinn cinnteach gun cùm sin oirnn a' fàs mar bhuidheann a tha ann an co-rèir ris an luchd-ùidh aige agus na cùisean aca agus a' cur ri leasachadh cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig an Alba agus àiteachan eile.</p>		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Leudachadh air comas na buidhne ann an taic do leasachadh na Gàidhlig.	Leantainneach	Àrd-neach-sgrùdaidh le raon-dleastanais Gàidhlig

EARRANN 2

San Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig reachdail, tha Bòrd na Gàidhlig ag ainmeachadh gur e cruthachadh nan suidheachaidhean airson a bhith ga cleachdadh sa bheatha phoblaich aon de na nithean as cudromaiche airson cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh nàdarrach.

Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de lìbhrigeadh seirbheis ainmeachadh air am bu chòir a h-uile buidhnean poblach cudrom a chur ann an ullachadh am Planaichean Gàidhlig. 'S iad sin:

*Dearbh-aithne: dearbh-aithne chorporra
soidhnichean*

*Conaltradh: fàilteachas
fòn
litricean agus post-dealain
foirmean
coinneamhan poblach
modhan gearain*

*Foillseachaidhean: dàimh phoblach agus na meadhanan
stuth clò-bhuailte
làraich-lìn
taisbeanaidhean*

*Luchd-obrach: trèanadh
ionnsachadh cànan
fastadh
sanasachd*

Tha HMIE a' tuigsinn gum faod na ceithir gnìomhan corporra sin uile a bhith nam pàirt cudromach de dh'àrdachadh ìomhaigh agus follaiseachd na Gàidhlig, agus de chruthachadh cothroman prataigeach do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig. Tha earrann 2 den Phlana Gàidhlig againn a' mìneachadh an t-solarachadh Gàidhlig a bhios ann mu choinneamh gach gnìomh fa leth.

Thug sinn aire do na riatanasan reachdail air an comharrachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus do Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig a' Bhùird. Tha an Stiùireadh ag ràdh gur e an sùileachadh, san fharsaingeachd, anns na ceàrnaidhean le na h-àireamhan no na h-àireamhan sa cheud as motha de luchd-labhairt Gàidhlig, gum bi raon a' Phlana Gàidhlig nas fharsainge agus ìre nan dleastanasan nas làidire. Tha HMIE ag obair thar gach ceàrn de dh'Alba agus, mar sin, bidh iad a' coimhead ris an aon ìre seirbheis a chur an sàs anns na raointean obrach againn uile.

Tha an earrann seo a' mìneachadh na h-ìre as lugha de sholarachadh Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a thabhan anns na còig-bliadhna a mhaireas am plana.

2.1 – Dearbh-aithne

Faodaidh Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarras poblaich cur gu mòr ri follaiseachd a' chànan, agus tha e na dhearbhadh air a' mheas agus an àite a tha ùghdarras poblach a' toirt don Ghàidhlig. Faodaidh leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cuideachd leudachadh air briathrachas luchd-cleachdaidh Gàidhlig agus air leasachadh a' chànan.

Tha HMIE a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh

mothachadh farsaing agus ìomhaigh mhath a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.		
Dearbh-aithne Chorpóra		
An dòigh-obrach làithreach	<i>Tha iar-abairt HMIE ann an Gàidhlig air làrach-lìn HMIE agus air iomadh dealbh ann an taisbeanaidhean poblach. Bidh HMIE a' cleachdadh brataichean Gàidhlig aig co-labhairtean taobh a-staigh agus taobh a-muigh HMIE mar Fèis Ionnsachaidh na h-Alba. Aig an àm seo chan eil poileasaidh sgrìobhte aig HMIE air cùl cleachdadh na Gàidhlig na dhearbh-aithne chorpóra.</i>	
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Cuiridh HMIE ri chèile poileasaidh sgrìobhte airson na Gàidhlig na dhearbh-aithne chorpóra. Cumaidh sinn oirnn a' gluasad a dh'ionnsaigh cleachdadh an tionndaidh dà-chànanach de shuaicheantas HMIE ann an cinn-litrichean, cèisean, bileagan dùrachd, cairtean gnìomhachais agus cairtean freagairt.	Dà bhliadhna Dà bhliadhna	Speisealaiche Nàiseanta Stiùireadh - Sgioba Foillseachaidh Stiùireadh – Sgioba Conaltraidh
Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh)		
An dòigh-obrach làithreach	<i>Chan eil soidhnichean dà-chànanach aig HMIE a-staigh no a-muigh. Chan eil poileasaidh aontaichte aig HMIE airson Gàidhlig a chleachdadh air soidhnichean.</i>	
Prìomh raointean leasachaidh	Cuin?	Cò?
Gluaisidh sinn gu cleachdadh soidhnichean dà-chànanach a thoirt a-steach mean air mhean air taobh a-muigh ar togalaichean.	Aon Bhliadhna	Speisealaiche Nàiseanta le sgioba Conaltraidh
Cleachdaidh sinn barrachd shoidhnichean dà-chànanach a-staigh airson gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> • Soidhnichean fàilte • Soidhnichean stiùiridh • Ainmean air dorsan 	Aon Bhliadhna	Speisealaiche Nàiseanta le sgioba Conaltradh

2.2 – Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad chonaltradh eadar buill den phoball agus ùghdarras poblach a' meudachadh na thathar a' faicinn agus a' cluinntinn den chànan, agus a' cur ris a' mhothachadh gum faod iad a' Ghàidhlig a chleachdadh. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànan, tha e cuideachd a' cruthachadh cothroman airson a bhith ga cleachdadh agus a' misneachadh daoine a' Ghàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' dèiligeadh ri buidhnean poblach an dèidh làimhe.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh le buidhnean poblach tro

litrichean, puist-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh cothroman prataigeach airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris a' mhothachadh gum faodar a cleachdadh. Ma bhios Gàidhlig ann an iomadh foirm Gàidhlig, no ann am foirmean dà-chànanaich, cuideachd cuiridh e gu mòr ri follaiseachd agus cliù a' chànain. Ma thèid tionndaidhean Gàidhlig de fhoirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile den t-seòrsa sin ullachadh, faodaidh e cuideachadh le leudachadh air a' bhriathrachas Ghàidhlig agus mothachadh luchd-labhairt na Gàidhlig air a' bhriathrachas sin, a' cuideachadh leasachadh a' chànain fhèin.

Tha HMIE a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh cothroman airson cleachdadh na Gàidhlig ann an iomadh suidheachadh làitheil agus tha iad gu mòr airson meudachadh air an ìre seirbheis a tha iad a' tabhann san raon seo.

Fàilteachas

An dòigh-obrach làithreach *Aig an àm seo chan eil solarachadh sam bith aig HMIE ann an ionadan fàilte.*

Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Thòisich sinn trèanadh ann am mothachadh air Gàidhlig airson prìomh luchd-obrach aghaidh an taighe a' gabhail a-steach abairtean cudromach agus cleachdadh iomchaidh.	Aon bhliadhna	Com-pàirteachas HMIE, LTS agus SQA
	Gheibh fàiltichean neach-obrach le Gàidhlig airson cuideachadh le ceistean Gàidhlig.	Loidhne-cuideachaidh ri leasachadh thairis air dà bhliadhna	Stiùiriche seirbheisean corporra

Fòn

An dòigh-obrach làithreach *Aig an àm seo chan eil solarachadh sam bith aig HMIE airson bruidhinn air fòn ann an Gàidhlig.*

Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Tha sinn ag amas air cleachdadh Gàidhlig shìmplidh le luchd-obrach agus cothrom bruidhinn ri oifigear le Gàidhlig ma bhios feum air.	Trèanadh airson luchd-obrach ann an HMIE, LTS agus SQA thairis air dà bhliadhna	Clì Gàidhlig

Post agus post-dealain:

An dòigh-obrach làithreach *Aig an àm seo chan eil poileasaidh aontaichte aig HMIE le na dòighean air litrichean agus post-dealain Gàidhlig a fhreagairt.*

Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Bidh sinn ag amas air freagairt ann an Gàidhlig a chur gu daoine a sgrìobhas gu HMIE ann an Gàidhlig.	Dà bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
	Stèidhichidh HMIE stòr-dàta de na daoine no buidhnean leis an		Sgioba

	fheàrr conaltradh ann an Gàidhlig, agus feuchaidh sinn ri conaltradh iomchaidh a chur air dòigh dhaibh ann an Gàidhlig.	Trì bliadhna	Conaltraidh
	Bidh an stuth eileagtronaigeach fèin-fhreagairt againn (mar brathan-àichidh post-dealain) dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Beurla.	Dà bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
	Bidh am brath-àichidh post-dealain corporra againn air eadar-theangachadh gu Gàidhlig.	Dà bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
	Cruthaichidh sinn iar-abairt agus cleachdaidh sinn e ann am puist-dealain a-mach gus seirbheisean Gàidhlig a shanasachd ann an Gàidhlig.	Dà bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
Sgrìobhainnean ie Foirmean msaa			
An dòigh-obrach làithreach	<i>Bidh HMIE ag ullachadh ceisteachain agus aithisgean sgrùdaidh ann an Gàidhlig ma bhios e iomchaidh.</i> <i>Aig an àm seo chan eil solarachadh soilleir aig HMIE airson cleachdadh na Gàidhlig ann am prìomh sgrìobhainnean ach thathar air tagraidhean Gàidhlig a ghabhail bho dhaoine fa leth.</i>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Meudaichidh HMIE na tha air a chleachdadh agus air fhaicinn den Gàidhlig anns na prìomh sgrìobhainnean as trice a thathar a' cleachdadh.	Aon Bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
	Foillsichidh HMIE sgrìobhainnean sam bith a bhios air an dèanamh sa Ghàidhlig.	Aon Bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
Modh gearain			
An dòigh-obrach làithreach	<i>Aig an àm seo chan eil tionndadh Gàidhlig aig HMIE de na modhan gearain.</i>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Bidh eadar-theangachadh Gàidhlig den mhodh gearain againn ri fhaotainn air-loidhne agus ann an clò.	Aon Bhliadhna	Sgioba Conaltraidh

2. 3 – Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cuideachadh meudachadh faicsinneachd a' chànan, tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig tro bhith ga chleachdadh ann am foillseachaidhean iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh a' leasachadh agus a' daingneachadh briathrachas. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns

na meadhanan a' cuideachadh gu sealltainn gu bheil HMIE ag iarraidh gum bi fiosrachadh cudromach ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Le barrachd dhaoine a' faighinn fiosrachadh mu HMIE tron làrach-lìn againn, faodaidh na bhios an sin airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha HMIE gu mòr airson meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig anns na ceàrnaidhean far a bheil barrachd ùidh aig a' mhòr-shluagh sa chuspair no far am buin e gu sònraichte do chùisean Gàidhlig.

Dàimh Phoblach agus na Meadhanan:

An dòigh-obrach làithreach	<i>Tha HMIE ag ullachadh mu 870 fiosan naidheachd sa bhliadhna. Chan eil gin dhiubh sin sa Ghàidhlig.</i>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Bidh ìomhaigh nas àirde aig Gàidhlig ann an sanasachd agus iomairtean margaideachd HMIE.	Dà bhliadhna	Goireasan Daonna
	Fiosan naidheachd dà-chànanaich co-cheangailte ri Gàidhlig no ri sgoiltean le foghlam Gàidhlig.	Aon bhliadhna	Sgioba Conaltraidh
Stuth Clò-bhuailte			
An dòigh-obrach làithreach	<i>Tha HMIE a' foillseachadh a h-uile aithisg Ghàidhlig san dà chànain. Còmhla ri sin, tha dùil aig HMIE grunn phrìomh sgrìobhainnean eadar-theangachadh gu Gàidhlig a gheibhear air an làrach-lìn. Tha iad sin a' gabhail a-steach: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? Treas Clò-bhualadh.</i>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Meudaichidh sinn an àireamh de phrìomh sgrìobhainnean, mar an co-chomhairle air Plana Gàidhlig HMIE, a tha san dà chànain.	Tri bliadhna	Àrd-neach-sgrùdaidh le raon-dleistanais Gàidhlig
Làraich-lìn			
An dòigh-obrach làithreach	<i>Chan eil stuth sa Ghàidhlig air làrach-lìn HMIE fhathast.</i>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Cuiridh sinn am Plana Gàidhlig againn air ar làrach-lìn.	Sia Mìosan	Sgioba Conaltraidh
	Cuiridh sinn earrann Ghàidhlig air an làrach-lìn againn le ceanglaichean gu duilleagan lìn Gàidhlig eile mar a bhios iomchaidh.	Ceithir bliadhna	Sgioba Conaltraidh
	Innsidh sinn air an làrach-lìn nuair a bhios tionndadh Gàidhlig de dh'aithisg air	Sia Mìosan	Sgioba Conaltraidh

	fhoillseachadh.		
Co-labhairtean agus taisbeanaidhean			
An dòigh-obrach làithreach	<p><i>Bidh HMIE a' cleachdadh sanasachd ann an Gàidhlig aig co-labhairtean.</i></p> <p><i>Tha HMIE air grunn cho-labhairtean a stiùireadh far am faigh cleachdaichean GM airson leudachadh agus bruidhinn air na dòighean-obrach as fheàrr.</i></p> <p><i>Tha co-labhairtean deagh chleachdadh HMIE a' gabhail a-steach deagh chleachdadh agus cùisean Gàidhlig ma bhios sin iomchaidh.</i></p>		
Prìomh raointean leasachaidh		Cuin?	Cò?
	Fàilte ga chur sa Ghàidhlig aig a h-uile co-labhairt	Aon bhliadhna	Prìomh luchd-aithris
	Cuir air dòigh co-labhairtean Gàidhlig gu cunbhalach (me le LTS, SQA)	A h-uile dà bhliadhna (no faisg air)	Speisealaiche Nàiseanta, HMI, HMI Iar-neach-sgrùdaidh agus Leas-mheasadairean airson Gàidhlig

2. 4 – Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumar na sgilean obrach agus cànan a tha iomchaidh don luchd-obrach a leasachadh. Tha ionnsachadh cànan airson luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig mar inbhich, agus le adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Bidh ainmeachadh obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no feumail a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain, agus ga chomharrachadh mar sgil fheumail. Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh gu tuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Eadar gu bheil comas air bruidhinn Gàidhlig riatanach no feumail, 's e a tha cudromach gum feum ùghdarrasan dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig fìor fheumail san obair agus gu bheil slatan-tomhais cothromach air an cleachdadh gus dèanamh cinnteach gum bi gach dreuchd air a lìonadh air stèidh chothromach agus co-chòrdail, agus a rèir nan sgilean ainmichte a dh'fheumar airson na dreuchd.

Tha HMIE a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt àite don Ghàidhlig mar sgil obrach cudromach agus a' comharrachadh shuidheachaidhean anns a bheil cleachdadh na Gàidhlig riatanach no feumail. Tha HMIE cuideachd a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum bi cothrom aig luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma bhios iad ag iarraidh.

Trèanadh

An dòigh-obrach làithreach	<i>Tha HMIE air tòiseachadh a' toirt trèanadh air cùisean Gàidhlig do luchd-obrach.</i>
-----------------------------------	---

Prìomh raointean leasachaidh

	Bheir sinn prògram trèanaidh ann am mothachadh air Gàidhlig do gach phrìomh	Aon Bhliadhna	Clì Gàidhlig
--	---	---------------	--------------

